



AITHISG BHLIADHNAIL 2010/2011  
ANNUAL REPORT 2010/2011

Tha an àireamh de chloinn ann am Foghlam tron Ghàidhlig ann an Alba a' fàs a' ciallachadh gu bheil pailteas chothroman obrach ann do luchd-teagaisg Gàidhlig.


The number  
of children  
accessing  
Gaelic Medium  
Education  
in Scotland  
is growing  
creating a  
demand for more  
teachers.



An do smaoinich thu fhèin air dreuchd ann an teagasg?  
Have you considered a career in Gaelic Teaching?

Airson tuilleadh fiosrachaidh tad hail air  
For more information go to [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com)

**Siuthad Gabh an Cothrom 's thig a theagasc!**



# Clàr-innse

## Contents

<b>Ro-ràdh bhon Chathraiche</b> Foreword from the Chairman	<b>4</b>
.....	
<b>Ionmhas &amp; Seirbheisean Corporra</b> Finance & Corporate Services	<b>10</b>
.....	
<b>Cleachdad Cànan</b> Language Usage	<b>13</b>
.....	
<b>Foghlam &amp; Ionnsachadh</b> Education & Learning	<b>20</b>
.....	
<b>Gníomhachdan Togail Cànan 2010/2011</b> Language Acquisition Activities 2010/2011	<b>26/27</b>
.....	
<b>Gníomhachdan Cleachdad Cànan 2010/2011</b> Language Usage Activities 2010/2011	<b>30/31</b>
.....	
<b>Gníomhachdan Inbhe Cànan 2010/2011</b> Language Status Activities 2010/2011	<b>34/35</b>
.....	
<b>Gníomhachdan Corpais &amp; Rannsachaид 2010/2011</b> Language Corpus & Research Activities 2010/2011	<b>38/39</b>
.....	
<b>Gníomhachdan Ionmhais &amp; Corporra 2010/2011</b> Finance & Corporate Activities 2010/2011	<b>40/41</b>
.....	



## Ro-ràdh bhon Chathraiche Foreword from the Chairman

A handwritten signature in black ink, appearing to read "Art MacCormaig".

Art MacCormaig, Cathraiche  
Arthur Cormack, Chairman

Tha e a' toirt toileachas dhomh Aithisg Bhliadhnaill Bhòrd na Gàidhlig 2010/11 a chur fa ur comhair, bliadhna san do lean sinn air adhart a' liubhairt nan amasan ann am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig tro ath-chuimseachadh air ar n-obair leis a' Phlana Gniomha geàrr-ama, *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba agus a dheasbad ann am Pàrlamaid na h-Alba sa Ghiblean 2010. Bha *Ginealach Ùr na Gàidhlig* air fhaicinn mar dhrochaid eadar am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a th' ann agus an ath fhearr, le cuimse nas dèine air iomairtean a mheudaicheadh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba – foghlam ro-sgoile; cothroman ionnsachaidh do dh'ibhich agus foghlam sna sgoiltean.

Am measg nan iomairtean a dh'adhartach sinn tron bhliadhna 2010/11, bha ath-bhreithneachadh air na buidhnean Gàidhlig a tha gu làithreach a' faotainn taic maoineachaidh, gus an cuid comais agus an deònachd a mheasadh a thaobh cuideachadh le liubhairt air na builean a thathar a' sireadh ann an *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, le ath-chuimseachadh air goireasan mar thoradh air an sin. Dh'ainmich sinn taic ùr chudromach do dhòigh teagaisg na Gàidhlig aig Ùlpan, le pasgan maoineachaidh trì-bliadhna ann am prionnsapal don bhuidheann leasachaidh, Deiseal Earranta, agus chuir sinn fàilte air co-nbrachadh bho lomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean agus Leasachadh Sgilean Alba ann an co-mhaoineachadh na h-iomairt seo. Rinn sinn adhartas leis a' chìad Mhòr-Ionad Ghàidhlig an déidh crìoch a chur air An Lèanag ann an Glaschu, a tha air a bhith fosgalte bhon Ghearran 2011. Leanaidh sinn

I am pleased to present Bòrd na Gàidhlig's Annual Report for 2010/11, a year in which we continued to deliver on the aims in the National Gaelic Language Plan with a re-focussing of our work on a short-term Action Plan, *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, agreed by Scottish Ministers and debated in the Scottish Parliament in April 2010. *Ginealach Ùr na Gàidhlig* was intended as a bridge between the present National Gaelic Language Plan and the next one, with a sharper focus on initiatives that would increase the numbers of speakers of Gaelic in Scotland - pre-school education; learning opportunities for adults and education in schools.

Among the initiatives progressed during 2010/11 was a review of the currently funded Gaelic organisations to assess their ability and willingness to help deliver the outcomes in *Ginealach Ùr na Gàidhlig* with a re-focussing of resources as a result. We announced significant new support for the Ùlpan method of teaching Gaelic with an in principle three-year funding package for the developers, Deiseal Ltd, and welcomed the cooperation of Highlands & Islands Enterprise and Skills Development Scotland in co-funding this initiative. We made progress with the first Gaelic Hub with An Lèanag in Glasgow completed and open for business from February 2011. We will continue to pursue opportunities for Hubs in Inverness and Stornoway as we believe they will encourage Gaelic organisations

air adhart a' sìreadh chothroman a thaobh Mòr-lonad ann an Inbhir Nis agus ann an Steòrnabhagh oir tha sinn a' creidsinn gum brosnaich iad buidhnean Gàidhlig gu bhith ag obair nas dlùithe da chèile, agus mar sin a' toradh sàbhalaidhean èifeachdais sa mheadhan-ama.

Lean am Bòrd air adhart ag aontachadh Phlanaichean Gàidhlig bho bhuidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail. Is ann tro na Planaichean Gàidhlig sin a tha dealasan a thaobh na Gàidhlig gan nochdadh agus tha iad nam pàirt fhior chudromach den fhrèam-obrach sa bheil Bòrd na Gàidhlig ag obrachadh gus cothrom air seirbheisean a leasachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig.

Sa Chèitean 2010, chuir am Bòrd co-labhairt shoirbheachail air bhonn – *An Gniomh a Dhearbas* – ann an Inbhir Nis, far an cuala sinn mu na builean a thàinig a-mach à cuid de na pròiseactan rannsachaideadh a tha am Bòrd air a mhaoineachadh, chaidh fiosrachadh a sgaoileadh mu mhaoineachadh do dh'iomairtean Gàidhlig agus chualar cho soirbheachail 's a tha coimhleachadh a' Mhaori ann an cur casg air crionadh a' chànan aca. Bha sinn toilichte fàilte a chur air Jim Mather bho Maori TBh chun na co-labhairt.

San Ògmhios, bha cothrom tlachdmhor agam tadhail air Ionad Chaluim Chille Ìle gus teisteanasan a bhuileachadh air an iomadh neach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig san ionad tro dhòigh teagaisg Ùlpan, a thuilleadh air an cothrom a ghabhail coinneachadh ri riochdairean nam buidhnean Gàidhlig ann an Ìle. Bha mi ann an cuideachd a' Chiad Mhìnistèir, Ailig Salmond BPA, ann an Sabhal Mòr Ostaig far na dh'ainmich e maoineachadh bhon Bhòrd agus Riaghaltas na h-Alba airson bùiùtean-obrach air dèanamh fhiolmaichean anns na sgoiltean, sna mìosan ro farpas FilmG 2011.

A-rithist, chunnaic sinn fàs cuimseach anns an àireamh de sgoilearan a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ach tha e soilleir gu bheil meudachadh nas mothà a dhith. Bidh sinn a' coimhead ri co-nbrachadh bho na prìomh bhuidhnean foghlaim agus ùghdarrasan ionadail ann an Alba, gus ar cuideachadh leis na meudachaidhean a liubhairt a dh'fheumar gus casg a chur air a' chrònadh anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha am Bòrd a' creidsinn gu bheil Stiùireadh ùr air Foghlam Gàidhlig a dhith, gus cuideachadh le mìneachadh air na builean a bu chòir pàrrant a bhith a' dùileachadh bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus amasan dhaoine a chumseachadh, a tha an sàs ann an liubhairt na seirbheis.

to work more closely, and efficiency savings can be made in the mid-term.

The Bòrd continued to approve Gaelic Plans from public bodies and local authorities. It is through these Gaelic Plans that commitments to Gaelic are made and they are a very important part of the framework in which Bòrd na Gàidhlig operates to improve access to services for Gaelic speakers.

In May 2010, the Bòrd held a successful conference – *An Gniomh a Dhearbas* – in Inverness, at which we heard the outcomes of some of the research projects the Bòrd has funded, disseminated information on funding for Gaelic initiatives and heard of the success of the Maori community in reversing the decline in their language. We were pleased to welcome Jim Mather of Maori TV to the conference.

In June, I had the pleasure of visiting Ionad Chaluim Chille Ìle to present certificates to the many people learning Gaelic through the Ùlpan method at the centre, as well as taking the opportunity to meet with representatives of Gaelic organisations in Islay. And I joined the First Minister, Alex Salmond MSP, at Sabhal Mòr Ostaig where he announced funding from the Bòrd and the Scottish Government for film-making workshops in schools in the run-up to FilmG 2011.

We again saw modest growth in the numbers of pupils going through Gaelic-medium education but it is clear that a much greater increase is required. We will be looking for the cooperation of the main educational bodies in Scotland, and local authorities, to help us deliver the increases that are needed to stem the decline in Gaelic speaker numbers. The Bòrd believes that new Guidance on Gaelic Education is required to help define what outcomes parents should expect from Gaelic medium education and to focus the minds of those involved in delivery.

Tha sinn a' creidsinn cuideachd gu bheil sgoiltean Gàidhlig air dearbhadh gu bheil iad tarraingeach do phàrantan agus a' taigtsinn cothrom air àireamhan nan sgoilearan a mheudachadh. Bha Bòrd na Gàidhlig an sàs ann an cur taic ri tràrantan ann an Dùn Èideann a tha air a bhith ag iomairt airson còrr is deich bliadhna gus sgoil ainmichte Ghàidhlig a bhith aca sa phriomh bhaile. Tha an obair seo a' leantainn air adhart agus tha sinn dòchasach à buil shoirbheachail. Tha am Bòrd gu daingean den bheachd gu bheil sgoiltean Gàidhlig ainmichte a' solarachadh barrachd chothroman air fàs fileanta sa chànan seach roinnean Gàidhlig agus clasachean do chloinn.

Nas fhaide air adhart ann an 2010, thug am Bòrd urrasachd do cho-labhairt air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a chaidh eagrachadh le Iris Taigh an Ròid. Chaidh seo a chumail ann an Dùn Èideann agus am measg nan òraídichean bha an t-Ollamh Antonella Sorace bho Bilingualism Matters agus Mìcheal Ruiseal BPA, Rùnaire Caibineit airson Foghlam, a dhaingnich a-rithist gun deigheadh coimhead ri còir laghail air foghlam tron Ghàidhlig, ma leanas Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba mar am pàrtaidh ann an riaghlaigh a' leantainn air taghaidhean Riaghaltas na h-Alba sa Chèitean 2011.

Anns an ullachadh mu choinneamh nan taghaidhean sin, bha am Bòrd a' conaltradh ris na priomh phàrtaidhean poilitigeach ann an Alba gus dèanamh cinnteach gum biodh dealasan don Ghàidhlig a' nochdadh sna planaichean taghaidh aca. Rinn sinn mòran obrach cuideachd ann an conaltradh leis a' phoball a thaobh nan ceistean Gàidhlig ann an Cunntas-Sluagh na h-Alba 2011.

Ghabh sinn pàirt ann an leantainn air adhart a' seasamh cùis BBC ALBA a thaobh a bhith air a ghiùlain air Freeview agus bha sinn a' co-nbrachadh le MG ALBA air leasachadh làrach-lìn ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bhuilich am Bòrd duais shònraichte airson Seirbheisean do Cheòl Gàidhlig air pròiseact Bliadhna nan Òran aig a' BhBC aig Duaisean Ceòl Traidseanta na h-Alba a chur MG ALBA air shiubhal san Dùbhlachd, agus leanadh air adhart tro 2010/11 gus eileamaidean de Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig a chur an gnìomh, a' co-nbrachadh le Alba Chruthachail a tha air ùr stèidheachadh.

We also believe that Gaelic schools have proved they are attractive to parents and offer the opportunity to increase pupil numbers. Bòrd na Gàidhlig was involved in supporting parents in Edinburgh who have been campaigning for over a decade to have a dedicated Gaelic school in the capital. This work continues and we are hopeful of a successful outcome. The Bòrd is firmly of the view that standalone Gaelic schools provide additional opportunities over Gaelic departments and classes for children to become more fluent in the language.

Later in 2010 the Bòrd sponsored a conference on Gaelic medium education, organised by Holyrood Magazine. This was held in Edinburgh and among the contributors were Professor Antonella Sorace of Bilingualism Matters and Michael Russell MSP, Cabinet Secretary for Education, who reaffirmed a commitment to look at a legal entitlement to Gaelic education should the Scottish National Party continue to be the party of government following the May 2011 Scottish Parliament elections.

In the build up to those elections, the Bòrd communicated with the main political parties in Scotland to ensure that there would be commitments to Gaelic in their manifestos. We also did a lot of work in engaging the public with the Gaelic questions in Scotland's 2011 Census.

We played our part in continuing to make the case for BBC ALBA to be carried on Freeview and cooperated with MG ALBA on the development of a new Gaelic learners' website. The Bòrd presented a special award for Services to Gaelic Music to the BBC's Bliadhna nan Òran project at the MG ALBA Scots Trad Music Awards in December and continued throughout 2010/11 to implement elements of the National Gaelic Arts Strategy, cooperating with the newly-founded Creative Scotland.



Lean sinn air adhart a' barantachadh phròiseactan rannsachaidd agus bidh toraidhean nam pròiseactan sin nan cuideachadh ann an cruthachadh an ath Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig, air am bi obair Bhòrd na Gàidhlíg a' cuimseachadh rè 2011/12. Chùm sinn taic a' dol ris a' phrìomh phròiseact rannsachaidd, Soillse, ann an co-bhonn ri Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus feadhainn eile, agus bha sinn flor thoilichte gun deach an t-Ollamh Rob Dunbar agus Iain Caimbeul a chur an dreuchd aig àrd-ìre an taobh a-staigh na buidhne.

Bha sinn ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba agus tha mi taingeil do Fiona Hyslop BPA agus a h-oifigich airson na làn-taic a thug i fhein agus iadsan do Bhòrd na Gàidhlíg fhad 's a bha i san dreuchd mar Mhiniestear Cultair is Cùisean Taobh A-muigh le uallach airson Gàidhlíg. Thug sinn taic cuideachd don Rùnaire Caibineit airson Foghlam, Micheal Ruiséal BPA, a bha mar a' chìad Mhiniestear a chleachd Gàidhlíg aig Comhairle na h-Eòrpa sa Bhruiseal, a' dèanamh feum de na riaghailtean ùra a cheadaich sin a dhèanamh.

We continued to commission research projects and the outcomes of those will be of assistance in devising the next National Gaelic Language Plan which will be a focus of Bòrd na Gàidhlíg's work during 2011/12. We continued our support of the major research project, Soillse, in conjunction with the Scottish Funding Council and others and were delighted that Prof Rob Dunbar and Iain Campbell were appointed to senior posts within the new organisation.

We worked closely with the Scottish Government and I am grateful to Fiona Hyslop MSP and her officials for the tremendous support she, and they, gave to Bòrd na Gàidhlíg while she was Minister for Culture and External Affairs with responsibility for Gaelic. We also assisted the Cabinet Secretary for Education, Michael Russell MSP, who became the first Minister to use Gaelic at the Council of Europe in Brussels, making use of new regulations that allowed this to happen.



Comataidh Ainmean Àite na h-Alba (2010)  
Gaelic Place-names of Scotland Committee

Aig ire a' Bhùird, thug ar coinneamh ann an Obar Dheathain cothrom dhuinn a bhith an sàs ann an co-labhairt Rannsachadh na Gàidhlig, agus coinneachadh ri luchd-obrach aig àrd-ire ann an Oilthigh Obar Dheathain aig a bheil ùidh ann an àite na Gàidhlig àrdachadh an taobh a-staigh na h-aitreibh sin.

Chuir am Bòrd crioch air ath-eagrachadh an luchd-obrach agus bha sinn glè thoilichte luchd-obrach aig àrd-ire a chur an dreuchd, a' gabhail a-steach Ceannard ùr, Iain Aonghas MacAoidh, OBE. Tha mi a' guidhe dha fhèin agus do a cho-oibrichean aig àrd-ire, gach soirbheachadh nan dreuchdan fa leth. Tha mi an comain na h-Àrd-Sgioba Stiùiridh Eadar-amail - Dòmhnull Màrtainn, Jo NicDhòmhnaill agus Ùisdean D Macillinne - a ghabh orra càram a thaobh ruith na buidhne bho latha gu latha nuair nach robh Ceannard san dreuchd. Rinneadh mòran adhartais fhad 's a bha iad air am fastadh sa bhuidheann againn.

Rè na bliadhna a chaidh seachad, chuir sinn fàilte air trì buill ùra chun a' Bhùird – Iain Caimbeul, Ealasaid Nic an t-Saoir agus Iain MacLeod – agus chaidh trì buill fhastadh air ais airson trì bliadhna eile. Bha buill a' Bhùird, mar as àbhaist, glè dheònach dleastanasan a bharrachd a choileanadh taobh a-muigh coinneamhan a' Bhùird, agus bu mhath leam taing a thoirt dhaibh uile airson an cuid taic agus an cuideachadh le obair a' Bhùird.

Dh'fhàg sinn soraidh slàn aig Sandaith Jones, Leasainche Ionmhais agus Seirbheisean Corporra, agus aig Rosemary Nic a' Bhàird, Leasainche Foghlaim is lonnsachaидh a' Bhùird, a chaidh gu dreuchd ùr mar Stiùirche air Comhairle nan Leabhraichean. Ann a bhith a' toirt taing dhaibh le chèile airson na h-obrach a rinn iad don Bhòrd, tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh dhaibh sna dreuchdan ùra aca. Às leth a' Bhùird, bu mhath leam cuideachd taing a thoirt don luchd-obrach aig a' Bhòrd.

At Board level, our meeting in Aberdeen enabled us to be involved in the Rannsachadh na Gàidhlig conference, and to meet with senior staff at the University of Aberdeen interested in enhancing the place of Gaelic within that institution.

The Bòrd put the final touches to the staffing reorganisation and we were very happy to appoint senior members of staff including a new Chief Executive, John Angus MacKay, OBE. I wish him, and his senior colleagues, well in their respective roles. I am indebted to the Interim Senior Support Team - Donald Martin, Jo MacDonald and Hugh Dan MacLennan - who had assumed responsibility for the day-to-day running of the organisation in the absence of a permanent Chief Executive. A good deal of progress was made in their time with us.

During the year we welcomed three new Bòrd members – Iain Campbell, Elizabeth McAtear and John MacLeod – and three members of the Bòrd were reappointed for a further term of 3 years. Bòrd members were, as usual, very willing to carry out additional duties outwith Bòrd meetings and I would like to thank them all for their support and their contribution to the work of the Bòrd.

We said goodbye to Sandaith Jones, our Head of Finance and Corporate Services, and Rosemary Ward, the Bòrd's Head of Education and Learning, who took up a new post as Director of Comhairle nan Leabhraichean. In thanking them both for their contributions to the work of the Bòrd, we wish them every success in their new posts. I would also like to record the Bòrd's appreciation and thanks to our staff for their dedication and support.

Tha mòran dùblain againn fhathast ri chothachadh nar n-oidhirpean air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh agus casg a chur air a' chrionadh ann an cleachdadh a' chànan. Ged a tha mi a' creidsinn gu bheil sinn air an t-slige cheart leis na prìomhachasan ann an *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, bidh feum aig an ath Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a tha ri chur an gniomh bhon Giblean 2012, air oidhrip mhòr bho gach buidheann poblach agus gach ùghdarris ionadail iomchaidh ann an Alba, ma tha sinn a' dol a dhèanamh an adhartais a dh'fheumar. Dh'haodadh gu bheil an suidheachadh eacnamaidh duilich, ach chan urrainnear sin a chleachdadh mar leisgeul airson tarraing air falbh bho dhealasan a thaobh na Gàidhlig, aig nach eil an tide no an cothrom fuireach gus an tèid an eacnamaidh am feabhas.

Feumaidh sinn cumail air adhart a' dèanamh cùis dheimhinneach às leth na Gàidhlig a thaobh agus gu bheil a' Ghàidhlig airson Alba air fad agus gu bheil foghlam Gàidhlig a' leantainn air adhart gu dà-chànanas leis gach buannachd a tha sin a' taigsinn do gach neach. Feumaidh sinn ainmeachadh aig a h-uile cothrom nach eil nì sam bith neo-àbhaisteach no ro fhàbharach mu bhith a' cleachdadh maoineachadh poblach airson iomairtean Gàidhlig, seach gu bheil iad mar iomairtean eile le maoineachadh poblach, a' toradh bhuanachdan eacnamaidh, oideachail agus cultarach do dhùthaich na h-Alba. Ged a dh'haodadh earrannan de na meadhanan agus cuid den luchd-poilitigs ionadail, cumail air adhart a' cur an aghaidh nan cothroman a tha Gàidhlig a' toradh, tha mi cinnteach gu bheil sinn ann an co-chòrdadh ri beachd a' phobaill ann an Alba, agus gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba a' tuigsinn luach a' chànan do dhùthaich na h-Alba.

Bidh feum air co-obrachadh agus com-pàirteachas aig gach ire gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas ann agus bidh e deatamach taic a thighinn bho gach neach le uidh ann an Gàidhlig. Tha mi an dòchas gum bi daoine bho gach diofar seòrsa suidheachadh ann an coimhlearsnachdan a tha fileanta agus misneachail ann an cleachdadh na Gàidhlig, deònach ar cuideachadh gus gniomh a liubhairt agus adhartas a dhèanamh.

Art MacCormaig  
Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig

Many challenges remain in our endeavours to increase the numbers of Gaelic speakers and reverse the decline in the language's use. While I believe we are on the right track with the priorities in *Ginealach Ùr na Gàidhlig* the next National Gaelic Language Plan, to be implemented from April 2012, will require a concerted effort on the part of all public bodies and appropriate local authorities in Scotland, if we are to make the progress required. The economic climate may be difficult but that cannot be used as an excuse to back away from commitments on Gaelic, which does not have the luxury of time to wait until the economy improves.

We must continue to make the positive case that Gaelic is a language for the whole of Scotland and that a Gaelic education leads to bilingualism with all the benefits that offers to individuals. We must reiterate at every opportunity that there is nothing unusual, or overly favourable, about public funding being used on Gaelic initiatives since they, in common with other publicly funded initiatives, produce economic, educational and cultural benefits for Scotland. Although certain sections of the media, and some local politicians, may continue to resist the opportunities Gaelic presents, I am certain that we are in step with Scottish public opinion and that the majority of people in Scotland recognise the value of the Gaelic language to Scotland.

Collaboration and partnership at all levels will be needed to ensure progress can be made and support from everyone with an interest in Gaelic will be essential. I hope that people from all walks of life, in communities fluent and confident in using Gaelic, will be willing to help us deliver action and make progress.

Arthur Cormack  
Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig

# Ionmhas & Seirbheisean Corporra Finance & Corporate Services

## IONMHAS

B' e £5.539m an teachd-a-steach tabhartais iomlan a fhuair am Bòrd airson na bliadhna. Chaidh am maoineachadh a sholarachadh le Riaghaltas na h-Alba tro Tabhartas-gus-Cuideachadh fo pharagraf 12 de Phàipear-taice 1 do Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Rè bliadhna san robh atharrachadh cudromach, lean an Sgioba Stiùiridh air adhart a' faotainn èifeachdasan a thug dhuinn comas air maoineachadh a stiùireadh a dh'ionnsaigh leasachaidhean priomhachais.

Lean sinn air adhart le leasachadh agus ath-sgrùdadh air ro-innleachd solarachaiddh agus stèidhich sinn ceanglaichean nas seasmhaiche le buidhnean poblach eile gus an fheum as fheàrr a thoirt à cothroman co-obrachaiddh agus luach an airgid. B' e aon dàimh cudromach a thog sinn a bhith a' co-roinneadh sheirbheisean IT le Dualchas Nàdair na h-Alba agus Coimisean nan Croitearan.

## LUCHD-OBRACH

Lean an obair air adhart le buileachadh structar ùr an luchd-obrach. Thoisich Iain Aonghas MacAoidh, OBE na Cheannard san t-Sultain 2010. Ghabh Màiri Nic Ille Mhaoil dreuchd Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaiddh os laimh san t-Samhain 2010 agus ghluais Alasdair MacFhionghuin bho dreuchd Co-ordanaiche Cholmchille gu Leasaiche Ionmhais is Sheirbheisean Corporra sa Ghiblean 2011, a' déanamh suas làn Àrd-Sgioba Stiùiridh.

Cuideachd, chuir sinn an gnìomh agus chuireadh crìoch air ath-bhreithneachadh farsaing air na poileasaidhean uile co-cheangailte ri Seirbheisean Daonna (HR) agus leabhar-làimhe an luchd-obrach.

## FINANCE

The Bòrd's total grant income for the year was £5.539m. The funding was provided by the Scottish Government through Grant-in-Aid under paragraph 12 of Schedule 1 to the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. During a year of significant change, the Management Team continued to obtain efficiencies enabling us to re-direct resources to priority developments.

We continued our development of a revised procurement strategy and established improved links with other public bodies to maximise opportunities for co-operation and value for money. One key relationship was the sharing of IT services with Scottish Natural Heritage and the Crofters Commission.

## STAFFING

Work continued on the implementation of our new staffing structure. John Angus MacKay, OBE took up his appointment as Ceannard (Chief Executive) in September 2010. Mary MacMillan was appointed as Head of Education and Learning in November 2010 and Alasdair MacKinnon moved from Colmcille Co-ordinator to the post of Head of Finance and Corporate Affairs in April 2011 to complete the Senior Management Team appointments.

We also completed an extensive review of all our Human Resources related policies and the staff handbook.

## CONALTRADH

Chuir sinn crìoch air ath-sgrùdadh farsaing an lùib gach taobh de chonaltradh a bha a' bhuidheann a' gabhair os làimh, agus bhathar ag obair le Riaghaltas na h-Alba gus modhan conaltraidh nas cumbhalaiche, nas co-obrachaile agus nas èifeachdaiche a stèidheachadh. Rinneadh oidhirp mhòr air an dà chuid iomhaigh a' Bhùird agus nan iomairtean Gàidhlig a thogail tro nas mothà urrasachd do thachartasan, is barrachd conaltraidh forghniomhach leis na meadhanan agus ath-leasachadh leantainneach air na làraich-lìn againn.

Thairis air a' bhliadhna, fhuair agus fhreagair am Bòrd 14 de cheistean fo Achd Saorsa an Fhiorsachaидh (Alba).

Chuir am Bòrd ri deasbadan leantainneach aig an robh buaidh air a' Ghàidhlig. Nam measg sin, bha tagradh gun Chomataidh Turasachd, Cumhachd is Eaconamaidh aig Riaghaltas na h-Alba mar fhreagairt don ath-bhreithneachadh a rinneadh air an adhbhar airson buidheann iomairt; freagairt gu Ath-bhreithneachadh Sheirbheisean aig Urras a' BhBC gus taic a chur ris an àite dheatamach a tha aig Radio nan Gàidheal mar sheirbheis cainnt is ciùil farsaing do luchd-labhairt na Gàidhlig, agus ag argamaid gum bu chòir an t-seirbheis a bhith air a h-àrdachadh; chuir sinn cuideachd a' chùis air adhart gu Urras a' BhBC a thaobh an t-sianal Gàidhlig BBC ALBA a bhith ri fhaotainn air Freeview.

## TURSAN MINISTREALACH

Lean obair a' Bhùird air adhart a' tarraing aithne agus aonta bho Riaghaltas na h-Alba, leis a' Bhòrd a' toirt aoigheachd do thuras Ministrealach san Lùnastal 2010, bho Fiona Hyslop BPA, Ministeir Cultair is Chùisean air an Taobh a-muigh, gu oifis a' Bhùird ann an Inbhir Nis.

## COMMUNICATIONS

All aspects of the Bòrd's communications were reviewed and we worked with the Scottish Government to develop more consistent, collaborative and efficient approaches to communications. Considerable efforts were made in raising the profile of both the Bòrd and Gaelic initiatives through increased sponsorship of events, and more proactive engagement with the media and the ongoing overhaul of our websites.

In the course of the year, the Bòrd received and responded to 14 enquiries under the Freedom of Information (Scotland) Act.

The Bòrd made formal submissions to ongoing debates which affected Gaelic. These included a submission to the Economy, Energy and Tourism Committee of the Scottish Parliament in response to its review of the purpose of an enterprise agency; a response to the BBC Trust's Review of Services to support the crucial role of BBC Radio nan Gàidheal as a comprehensive speech and music service for Gaelic speakers in which we argued that the service should be enhanced; we also presented a case urging the BBC Trust to make the Gaelic channel BBC ALBA available on Freeview.

## MINISTERIAL VISITS

The Bòrd's work continued to attract Scottish Government recognition and approval, with the Bòrd hosting a Ministerial visit in August 2010, to the Inverness offices by Fiona Hyslop MSP, Minister for Culture and External Affairs.



# Cunntas-sluaign na h-Alba 2011

## A' cumadh na tha romhainn

### CUNNTAS-SLUAIGH 2011

Bha am Bòrd ag obair gu dlùth le Oifis a' Chunntais-sluaign ann an Alba air an iomairean a thaobh an Cunntas-sluaign 2011 fhoillseachadh agus gu h-àraid air na ceistean co-cheangailte ri Gàidhlig. Thug Oifis a' Chunntais-sluaign bileagan dà-chànanach Gàidhlig / Beurla gu buil, chuir iad bùihtean-obrach air adhart mar thaic do dhaoine ann an lionadh nam foirmean cunntais-sluaign air-loidhne ann an Gàidhlig, agus chuir iad cùis-sgrùdaidh air an làrach-lìn aca, a' sealltainn mar a tha dàta cunntais-sluaign ga chleachdadh ann an cruthachadh Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig.

### POILEASAIDH STIÙIREADH CUNNAIRT

Tha Bòrd na Gàidhlig a' faicinn Stiùireadh Cunnairt mar phriomh dhleastanas ann an cuideachadh le dèanamh cinnteach gun coilean e amasan agus a chinn-uidhe. Tha buill agus an luchd-obrach dealasach a thaobh stiùireadh cunnairt èifeachdach, a' gabhail ri deagh chleachdadhe ann an comharrachadh, luachadh is smachd air cunnartan, gus:

- stiùireadh cunnairt a thoirt a-steach an lùib cultar a' Bhùird;
- cur às do no lùghdachadh air cunnartan gu ire iomchaidh;
- atharrachaidhean sòisealta, àrainneachdail agus reachdail a shùileachadh agus a fhreagairt;
- casg a chur air leòn is milleadh agus cosgais cunnairt a lùghdachadh;
- mothachadh a thogail don fheum air stiùireadh cunnairt.

### BUILEAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA

Ann an 2010/11 chuir Bòrd na Gàidhlig ri 7 de na 15 Builean Nàiseanta a tha a' dèanamh suas Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, le iomairean càinain san fharsaingeachd a' cur ris na Builean uile agus a' cuideachadh le liubhairt nan còig chinn-uidhe aig Riaghaltas na h-Alba:

- Alba nas Saidhbhíre agus nas Cothromaiche;
- Alba nas Grinne;
- Alba nas Fhallaine;
- Alba nas Làidire agus nas Sàbhailte;
- Alba nas Guirme.

### 2011 CENSUS

The Bòrd worked closely with the Census Office in Scotland on its initiatives to publicise the 2011 Census and in particular the questions relating to Gaelic. The Census Office produced Gaelic/English bilingual leaflets, ran workshops to support people to fill their census forms in Gaelic on-line and posted a case study on its website to demonstrate the use of census data in formulating the National Gaelic Language Plan.

### RISK MANAGEMENT POLICY


Bòrd na Gàidhlig recognises Risk Management as a key function in helping to ensure it achieves its aims and objectives. The members and staff remained fully committed to effective risk management, adopting best practice in the identification, evaluation and control of risks, in order to:

- integrate risk management into the culture of the Bòrd;
- eliminate or reduce risks to an acceptable level;
- anticipate and respond to changing social, environmental and legislative requirements;
- prevent injury and damage and reduce the cost of risk;
- raise awareness of the need for risk management.

### SCOTTISH GOVERNMENT NATIONAL OUTCOMES

In 2010/11 Bòrd na Gàidhlig contributed to 7 of the 15 National Outcomes which form the Scottish Government's National Performance Framework, with language initiatives in general contributing to all the Outcomes and furthering the delivery of the Government's five strategic objectives:

- Wealthier and Fairer Scotland;
- Smarter Scotland;
- Healthier Scotland;
- Safer and Stronger Scotland;
- Greener Scotland.



## Cleachdadhan Càinain Language Usage

### MÒR-IONADAN

Chunnaic a' bhliadhna seo An Lèanag air Sràid Achadh a' Mhansa ann an Glaschu a' tighinn gu bith, a' chìad Mhòr-lonad Ghàidhlig a tha air a stèidheachadh sa bhaile. Tha an goireas seo, a tha air ùr dhèanamh suas, a' solarachadh àite oifisean do Chomhairle nan Leabharlaichean, Comunn na Gàidhlig, Stòrlann, An Lòchran agus stèidh mhaireannach do Bhòrd na Gàidhlig anns a' bhaile. Tha an goireas cuideachd a' gabhail a-steach bùth ùr le Comhairle nan Leabharlaichean agus dà àite coinneimh le goireasan cidsin airson an cleachdadhan le buidhnean Gàidhlig san sgìre.

Tha an leasachadh air Mòr-lonad a tha san amharc ann an Inbhir Nis a' tighinn air adhart gu math, leis a' Bhòrd ag obair gu dlùth le Fòram Gàidhlig Inbhir Nis gus seo a thoirt gu buil. Tha iarrtas airson làn-chead planaидh air a dhol gu Comhairle na Gàidhealtachd, agus ma bhios seo soirbheachail töisichidh an obair chruaidh a tha riatanach co-cheangailte ri togail an airgid.

Tha obair a thaobh leasachadh Mòr-lonad ann an Steòrnabhagh a' leantainn air adhart, le buidhnean stèidhichte sa bhaile a' nochdadh mòran uidh ann a bhith còmhla san aon togalach. Tha am Bòrd an sàs le com-pàrticean gus togalach freagarrach a lorg.

### HUBS

The year saw the establishment of the first Gaelic Hub in Glasgow, in the form of An Lèanag in the city's Mansfield Street. The re-furbished facility provides office accommodation for The Gaelic Books Council, Comunn na Gàidhlig, Stòrlann, An Lòchran and a permanent base for Bòrd na Gàidhlig in the city. The facility also incorporates a new shop for the Gaelic Books Council and two meeting spaces with kitchen facilities for use by Gaelic groups and organisations in the area.

The proposed development of a purpose built Hub in Inverness is progressing well, with the Bòrd working closely with Fòram Gàidhlig Inbhir Nis to bring this to fruition. An application for full planning permission has been made to Highland Council and if this is successful, the hard work of raising the necessary funds will begin.

Work on the development of a Hub in Stornoway has been on-going, with groups based in the town showing a great deal of interest in coming together under the one roof. The Bòrd is actively engaged with partners to identify suitable premises.



An Lèanag, Mòr-Ionad Ghlaschu (2011)  
Glasgow Gaelic Centre

## COLMCILLE

'S e prògram com-pàirteachais a th' ann an Colmcille eadar Foras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig, ag adhartachadh cleachdadadh na Gaeilge agus na Gàidhlig ann an Éirinn is Alba agus eadar an dà dhùthach.

Chaidh Alasdair MacFhionghuin fhastadh mar Cho-òrdanaiche Cholmcille sa Chèitean 2010, le Iain MacAmhlaidh agus Noeleen Ní Cholla air am fastadh mar oifigearan Alba agus Poblachd na h-Éireann còmhla ri Maolcholaim Scott ann an Éirinn a Tuath.

Choinnich co-chomataidh Cholmcille, le riochdairean bho na bùird-stiùridh aig Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge, tron bhliadhna gus beachdachadh air iarrtasan ùra airson maoineachaидh agus a' stèidheachadh phriomhachasan ro-innleachdail don phròiseact.

B' e barantachadh air triall dualchais Slighe Chaluim Chille an nì a bu chudromaiche a nochd sa bhliadhna, agus bidh sin air fhoillseachadh gu foirmeil san fhoghair 2011.

## COLMCILLE

Colmcille is a partnership programme between Foras na Gaeilge and Bòrd na Gàidhlig, promoting the use of Gaeilge and Scottish Gaelic in Ireland and Scotland and between the two countries.

Alasdair MacKinnon was appointed as the Colmcille Co-ordinator in May 2010, with Iain MacAulay and Noleen NicColla appointed as the Scottish and Republic of Ireland officers respectively, joining Maolchaluim Scott in Northern Ireland.

The joint Colmcille committee, made up of representatives of the boards of Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge met over the course of the year to consider new applications for funding and set the strategic priorities for the project.

The highlight of the year was the commissioning of the Slighe Chaluim Chille heritage trail, which will be formally launched in autumn 2011.

## TAIC FREUMHAN COIMHEARSNACHD

Tha an sgeama seo cuimsichte air a bhith a' solarachadh taic do bhuidhnean coimhearsnachd gus pròiseactan a ghabhail os làimh a tha ann an co-rèir ri priomhachasan a' Bhùird. Thar na bliadhna, a thuilleadh air solarachadh taic leantalach do phròiseactan fad-amail a chaidh a thòiseachadh anns an dà bhliahdna roimhe sin, thug an sgeama cuideachadh luach £88,500 do 58 pròiseact ùr ann an coimhearsnachdan fad' is farsaing air feadh na dùthcha. Chaidh na priomhachasan ann an sgeama 2010/11 ath-bhreithneachadh gus cunntas a dhèanamh air priomhachasan a' Bhùird sa phlana gnìomha "Ginealach Ùr na Gàidhlig".

Tha an sgeama seo a' leantainn air adhart mar bhun maoineachaидh ùr cudromach, a bheir comas do bhuidhnean ro-sgoile tòiseachadh agus leudachadh, agus mar thaic do chlasaichean Gàidhlig inbheach agus gus raon farsaing de phròiseactan eile a mhaoineachadh, le ionnsachadh no cleachdadh na Gàidhlig nan teis meadhain.

## MAOIN BUILEACHAIDH ACHD NA GÀIDHLIG (GLAIF)

Chaidh an sgeama maoineachaидh seo a stèidheachadh le Bòrd na Gàidhlig, sa chìad àite gus taic a thoirt do Bhuidhnean Poblach pròiseactan a ghabhail os làimh mar ullachadh no mar phàirt de bhuleachadh am Planaichean Gàidhlig. Mar a bhios an àireamh de Bhuidhnean a tha an sàs ann an deasachadh agus buileachadh Phlanaichean a' fàs gach bliadhna, mar sin bidh an fharpais mu choinneamh a' mhaoineachaидh seo a' fàs cuideachd.

Dh'fhosgail cuairt 2010/11 de GLAIF airson pròiseactan aon bhliahdna agus chuir am Bòrd taic ri 27 pròiseactan a bharrachd, luach £262,820 a thuilleadh air pròiseactan 2008/9 agus 2009/10 a thoirt gu buil.

## COMMUNITY PROJECTS FUND

This funding scheme is aimed at providing assistance to community groups to undertake projects in support of the Bòrd's priorities. Over the course of the year, in addition to providing on-going support for longer term projects started in the previous two years, the scheme provided assistance for 58 new projects in communities across the length and breadth of the country, totalling £88,500. The priorities in the 2010/11 scheme were revised to take into account the Bòrd's priorities in the action plan "*Ginealach Ùr na Gàidhlig*".

The scheme continues to be an important source of new money to enable pre-school groups to start up or expand, to support Gaelic language classes for adults and to fund a whole range of other projects, with Gaelic learning or usage at their heart.

## GAELOC LANGUAGE ACT IMPLEMENTATION FUND (GLAIF)

This funding scheme was established by Bòrd na Gàidhlig, primarily to support Public Bodies undertake projects in the run up to, or as part of, the implementation of their Gaelic Language Plans. As the number of Bodies involved in preparing and implementing Plans grows each year, so too does the competition for funding.

The GLAIF 2010/11 round opened for one-year projects and the Bòrd supported an additional 27 projects, totalling £262,820 in addition to bringing those from 2008/09 and 2009/10 to fruition.



Turas lomairt Gàidhlig Dhùn Èideann dhan Òban (2010)

Visit of Edinburgh Gaelic Group to Oban

## PRÒISEACTAN ÙRA

Rè na bliadhna, bha am Bòrd a' dèiligeadh le raon fharsaing de dh'iarrtasan ùra airson pròiseactan, leis an fheadhainn fo £5,000 gan aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh fo ùghdarris tiomnaichte a' Cheannaird. Chaidh aontachadh ri 50 proiseact, luach £120,256.

Bha gach aon de na h-iarrtasan ùra os cionn stairsnich nan £5,000 air an aontachadh leis a' Bhòrd aig an coinneamhan cunbalach.

Am measg nam pròiseactan ùra a bha air an aontachadh aig ire a' Bhùird, bha pasgan taic ùr trì-bliadhna mu choinneamh tuilleadh leasachaiddh is leudachaiddh air modh teagaisg Ùlpan a thaobh chlasaichean Gàidhlig adhartach, agus taic don phròiseact fhiolmaichean Gàidhlig, FilmG.

## PRÌOMH BHUIDHNEAN GÀIDHLIG

Tha an dàimh obrach dlùth a tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail suas le àireamh bheag de Bhuidhnean Gàidhlig deatamach do liubhairt sheirbheisean às leth a' Bhùird air feadh na h-Alba. Tha an dàimh seo air a dhèanamh foirmel tro aontaidhean maoineachaiddh, a bhios a' sònraichadh nam priomh ghnìomhan-obrach a tha am Bòrd a' dùileachadh do gach buidheann a ghabhail os làimh, agus ann an 2010/11 – an cuibhreann deireannach den ùine trì-bliadhna – bha aonta againn leis na buidhnean a leanas:

- Stòrlann (Goireasan Foghlam Gàidhlig)
- An Lòchran (Ealain Ghàidhlig ann an Glaschu)
- Comunn na Gàidhlig (Obair leasachaiddh coimhearsnachd)
- Comann nam Pàrant (Taic do phàrantan)
- An Comunn Gàidhealach (Am Mòd Nàiseanta agus lionra de Mhòdan Ionadail)
- Cli Gàidhlig (Luchd-ionnsachaiddh na Gàidhlig)
- Pròiseact nan Ealan (Buidheann Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig)
- Colaisde a' Chaisteil (Solar Foghlam Adhartach)
- Fèisean nan Gàidheal (Fèisean òigridh coimhearsnachd nan ealan Ghàidhlig)
- Comhairle nan Leabhraichean (Leasachadh roinn foillseachaiddh na Gàidhlig)
- TAIC (Solar tràth-bhliadhnaichean)

## NEW PROJECTS

Throughout the course of the year, the Bòrd dealt with a wide range of new project applications, with those below £5,000 being dealt with by the Sgioba Stiùiridh under the delegated authority of the Ceannard. Grants totalling £120,256, were approved to 50 projects.

All new applications above the £5,000 threshold were dealt with by the Bòrd at their regular meetings.

Examples of new projects which were agreed at Bòrd level included the agreement of a new three year support package for the further development and expansion of the Ùlpan method of progressive Gaelic language classes and support for the Gaelic short films project FilmG.

## GAELOC ORGANISATIONS

The close working relationship which Bòrd na Gàidhlig maintains with a small number of Gaelic Organisations is vital to the delivery of services on behalf of the Bòrd across Scotland. This relationship is formalised through funding agreements, which specify the key tasks that the Bòrd expects each organisation to undertake and in 2010/11 – the last of the three year term – we had agreements with the following organisations:

- Stòrlann (Gaelic Education Resources)
- An Lòchran (Gaelic Arts in Glasgow)
- Comunn na Gàidhlig (Community development work)
- Comann nam Pàrant (Parental support)
- An Comunn Gàidhealach (The National Mod and network of Local Mods)
- Cli Gàidhlig (Gaelic Learners)
- Pròiseact nan Ealan (National Gaelic Arts Agency)
- Colaisde a' Chaisteil (Further Education provision)
- Fèisean nan Gàidheal (Community youth Gaelic arts festivals)
- Comhairle nan Leabhraichean (Development in the Gaelic publishing sector)
- TAIC (Early years provision)

Tha na h-aontaidhean sin gam breithneachadh gu cunbalach, agus ghabh am Bòrd priomh ath-breithneachadh os làimh tron bhliadhna 2010/11 air Buidhnean Gàidhlig maoinichte. Chaidh co-dhùnadh nach biodh am Bòrd a' taigsinn aonta ùr do TAIC agus gum biodh Colaisde a' Chaisteil ga brosnachadh gus cur a-steach airson maoineachadh pròiseict sònraichte bho 2011/12.

## PLANAICHEAN GÀIDHLIG

Tha an riatanas air Buidhnean Poblach gus Plana Gàidhlig a thoirt gu buil mar aon de na priomh chuspairean ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha luchd-obrach a' Bhùird ag obair gu dlùth le Buidhnean Poblach gus am Planaichean a leasachadh agus am measadh, mus beachdaich a' Chomataidh Cleachdadha Cànan orra agus às dèidh sin am Bòrd airson aonta dheireannach.

Chunnaic 2010/11 aonta fhoirmeil air 8 Planaichean Gàidhlig ùra, mar a leanas:

- Riaghaltas na h-Alba
- Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Ùghdarris Theisteanas na h-Alba (SQA)
- Sgrùdairean Foghlaim na Banrigh (HMIE)
- Coimisean nan Croitearan
- So-mhaoin Mara Chailleanach Earranta (CMAL)
- Dualchas Nàdair na h-Alba (DNA)
- Coimisean na Coilltearachd

These agreements are reviewed on a regular basis and the Bòrd undertook a major review of funded Gaelic Organisations during 2010/11. It was decided that the Bòrd would not offer TAIC a new agreement and that Colaisde a' Chaisteil would be encouraged to apply for specific project funding from 2011/12.

## GAELOC LANGUAGE PLANS

The requirement of Public Bodies to produce a Gaelic Language Plan is one of the key aspects of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

Bòrd staff work closely with Public Bodies to develop their Plans and assess them before being considered by the Language Usage Committee and subsequently by the Bòrd for final approval.

2010/11 saw the formal agreement of 8 new Gaelic Language Plans as follows:

- The Scottish Government
- University of the Highlands and Islands
- Scottish Qualifications Authority (SQA)
- Her Majesty's Inspectorate of Education (HMIE)
- The Crofters Commission
- Caledonian Maritime Assets Limited (CMAL)
- Scottish Natural Heritage (SNH)
- The Forestry Commission



## RANNSACHADH

Chaidh a' phròiseact rannsachaidh Soillse a chur air bhonn gu foirmeil ann an 2010/11, a tha am Bòrd a' co-mhaoineachadh còmhla ri com-pàirtichean a' gabhail a-steach Comhairle Maoineachaidd na h-Alba, agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, a thuilleadh air cur-a-steach cudromach bho Oilthighean Obar Dheathain, Ghlaschu, Dhùn Èideann agus na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha stèidheachadh na pròiseict seo air a bhith na ghlòir-mhiann fad-amaill aig na com-pàrtichean acadaimigeach a tha an sàs ann, agus curidh e gu mòr ri comas rannsachaidh air cànan is leasachadh na Gàidhlig.

Tha am Bòrd air a bhith a' leantainn air adhart a' gabhail pàirt chudromach ann am barantachadh rannsachadh ùr gus taic a chur ris an eòlas a th' againn. Bha na pròiseactan a' gabhail a-steach barantachadh air tional staitistigean bho ùghdarrasan ionadail mu fhoghlam tron Ghàidhlig, luchd-ionnsachaidh agus solar GLPS, agus crìoch air sgrùedadh mionaideach mu phàtranan de chleachdadh na Gàidhlig sa choimhhearsnachd ann an sgìre Shiaboist ann an Leòdas.

## LEASACHAIDHEAN CORPAIS

Sholarach am Bòrd taic do dh'aireamh de phriomh phròiseactan leasachaidh corporais ann an 2010/11, a' gabhail a-steach An Seotal, an stòr-dàta briathrachais do sgoilearan àrd-sgoile, a' phròiseact ainmean-àite aig Ainmean Àite na h-Alba, pròiseact faclair eachdraidheil Faclair na Gàidhlig agus leasachadh air co-fhaclair Gàidhlig.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tuigsinn a' phriomh phàirt a tha aig leasachadh corporais ann an dèanamh cinnteach gu bheil an raon de dh'innealan riatanach aig a' Ghàidhlig mu choinneamh an luchd-labhairt a th' ann agus a tha san amharc.

'S e dleastanas Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig, agus tha e a' strì ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, muinntir na h-Alba agus na buidhnean Gàidhlig, ri inbhe a' chànan fheabhasachadh. Tha an obair seo a' còmhach gach sgìre ann an Alba agus a' cur gu mòr ri beatha chultarach agus foghlam na h-Alba. Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh nan targaidean àrainneachdail uile a choinneachadh, agus coileanadh man coinneamh a libhrigeadh ann an aithisg gach bliadhna.

Bòrd na Gàidhlig's core work is to promote Gaelic, and it strives in partnership with the Scottish Government, the people of Scotland and the Gaelic organisations to improve the status of the language. This work covers all areas of Scotland and makes a significant contribution to Scottish cultural life and education. Bòrd na Gàidhlig is committed to meeting all environmental targets and to report performance against these each year.

## Aonadh Airgid Na h-Eòrpa

### European Monetary Union

Aig an àm seo, tha comas aig siostam ionmhasail Bhòrd na Gàidhlig obrachadh ma bheirear a-steach ruith-airgid coitcheann mar riatanas ann an reachdas Aonadh Airgid na h-Eòrpa.

Bòrd na Gàidhlig's financial system currently has the capability to function in the event that a standard currency is introduced as a requirement of European Monetary Union legislation.

## Fastadh Luchd-Sgrùdaidh

### Appointment of Auditors

Fo Achd Ionmhas Poblach is Cunntachalachd (Alba) 2000, tha luchd-sgrùdaidh Bhòrd na Gàidhlig air am fastadh leis an Àrd-neach-sgrùdaidh agus chaith Sgrùdadadh Alba fhastadh ann an 2006 mar Sgrùdaire Bhòrd na Gàidhlig bhon taobh a-muigh airson nam bliadhnaian ionmhasail 2007 - 2011. Chaith fhiorsachadh don Bhòrd gu bheil Sgrùdadadh Alba gu bhith a' leantainn air adhart mar sgrùdairean airson còig bliadhna eile an dèidh 2011.

Fhuair an luchd-sgrùdaidh iocadh den t-sùim £13,000 (2010 - £13,840) mu choinneamh seirbheisean sgrùdaidh reachdail airson na bliadhna ionmhasail 2010-11.

Under the Public Finance and Accountability (Scotland) Act 2000, Bòrd na Gàidhlig's auditors are appointed by the Auditor General and Audit Scotland was appointed in 2006 as Bòrd na Gàidhlig's external auditor for the financial years ending 2007 - 2011. The Bòrd has been advised that Audit Scotland are to continue as its auditors for a further five year period after 2011.

The auditors were remunerated to the sum of £13,000 (2010 - £13,840) in respect of statutory audit services for the financial year 2010-11.

## Sgaoileadh Fiosrachadh Do Luchd-Sgrùdaidh

### Disclosure of Information To Auditors

Mar Oifigear Cunntachail, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith nach eil fa chomhair luchd-sgrùdaidh a' Bhùird, cho fada 's is aithne dhomh. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail as còir a ghabhail gus eòlas a chur air fiosrachadh sgrùdaidh iomchaidh sam bith, agus daingneachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh a' Bhùird mothachail don fiosrachadh sin.

As Accountable Officer, as far as I am aware, there is no relevant audit information of which the Bòrd's auditors are unaware. I have taken all reasonable steps that ought to be taken to make myself aware of any relevant audit information and to establish that the Bòrd's auditors are aware of the information.

## Cùisean Riaghlaidh Corporra

## Corporate Governance Matters

Tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air na h-ìrean as àirde ann an riaghlaidh corporra agus thathar air gabhail ri Stiùireadh Oifis a' Chaibineit a thaobh Còdan Cleachdaidh do Bhuidhnean Poblach. Tha Oifis Chorporra a' Bhùird ann an Taigh an Daraich, Fèith nan Clach, Inbhir Nis, IV2 7PA.

Bòrd na Gàidhlig aims for the highest standards in corporate governance and the Cabinet Office Guidance on Codes of Practice for Public Bodies has been adopted. The Bòrd's Corporate Office is at Darach House, Stoneyfield Business Park, Inverness, IV2 7PA.

## Modhan Strì Eadar Com-Pàirtean

## Conflicts of Interest Procedures

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh modhan teann agus ioma-chuimseach gus dèiligeadh le strì eadar com-pàirtean a dh'haodadh a bhith san amharc. Tha clàr de chom-pàirtean, a tha a' beantainn do bhuill agus luchd-obrach a' Bhùird, air a chumail agus air ùrachadh gach bliadhna. Tha seo ri fhaotainn airson sgrùdadadh bho bhall sam bith den phoball a tha air a shon, agus gheibhearr e air làrach-lìn a' Bhùird.

Aig Coinneamhan Bùird no Comataidh, feumar com-pàirt fhollaiseachadh aig toiseach na coinneimh. Ann an suidheachadh sa bheil com-pàirt aig ball den Bhòrd no ball den luchd-obrach ann an cùis sam bith, tha riatanas orra an com-pàirt sin a chur am follais agus a' choinneamh fhàgail, gun a bhith a' gabhail pàirt ann an deasbad sam bith mun chùis sin. Tha na foillseachaidhean sin air an clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh.

Bòrd na Gàidhlig operates strict and comprehensive procedures to deal with potential conflicts of interest. A register of interests, covering Bòrd members and staff, is held and updated on an annual basis. This is available for examination by any member of the public wishing to do so, and is included on the Bòrd's website.

At Bòrd and Committee meetings, interests have to be declared at the start of the meeting. In the event that a Bòrd member or member of staff has an interest in any matter, they are required to declare that interest and leave the meeting, thereafter taking no part in any discussion of that matter. These declarations are recorded in the minutes of the meeting.

# Buill a' Bhùird Bòrd Members



**Art MacCormaig (Cathraiche)**  
Arthur Cormack



**Anna NicSuain (Iar-Chathraiche)**  
Annie MacSween



**Cairistiona Allon**  
Christina Allon



**Rob Dunbar**



**Michael Foxley**



**Iain A MacAoidh OBE**  
John A MacKay OBE

Gu/Until 31/08/2010



**Coinneach MacFhionghuin**  
Kenneth MacKinnon



**Murchadh MacLlinnein**  
Murdo MacLennan



**Alasdair MacLeod**  
Alasdair MacLeod



**Iain Caimbeul**  
Iain Campbell

Bhon/From 01/03/2011



**Iain MacLeod**  
John MacLeod



**Ealasaid Nic an t-Saoir**  
Elizabeth McAtear

Bhon/From 01/03/2011

## COMATAIDH SGRÙDAIDH

Murchadh MacLlinnein  
Cairistiona Allon  
Alasdair MacLeod

## COMATAIDH ÌOCAIDH

Iain A MacAoidh (gu 31 Lùnastal 2010)  
Rob Dunbar  
Mìcheal Foxley  
Iain Caimbeul (bho 15 Màrt 2011)

## AUDIT COMMITTEE

Murdo MacLennan  
Christina Allon  
Alasdair MacLeod

## REMUNERATION COMMITTEE

John A MacKay (until 31 August 2010)  
Rob Dunbar  
Michael Foxley  
Iain Campbell (from 15 March 2011)

# Sgioba Stiùiridh 2010-11

## Management Team 2010-11

Iain A MacAoidh  
(Ceannard bho 1 Sultain 2010)

Dòmhnull Màrtainn  
(Àrd-Sgioba Taic eadar-amail agus Oifigear Cunntachail gu 31 Lùnastal 2010)

Ùisdean D MacLlinnein  
(Àrd-Sgioba Taic eadar-amail gu 31 Lùnastal 2010)

Jo Nic Dhòmhnaill  
(Àrd-Sgioba Taic eadar-amail gu 31 Lùnastal 2010)

Daibhidh Boag  
(Leasaiche Cleachdadh Càinain)

Sandaidh Jones  
(Leasaiche Ionmhais & Seirbheisean Corporra gu 11 Ògmhios 2010)

Màiri Nic Ille Mhaoil  
(Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh bho 22 Samhain 2010)

Rosemary Nic a' Bhàird  
(Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh gu 18 Ògmhios 2010)

Rè na bliadhna, lean an Àrd-Sgioba Taic Eadar-amail, a chuireadh an dreuchd ann an 2009-10, air adhart a' solarachadh taic àrd-stiùiridh mu choinneamh buileachadh Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig agus atharrachaidhean san amharc na structar agus na obair a stiùireadh. Bha triùir bhall san Sgioba, Dòmhnull Màrtainn (Oifigear Cunntachail), Ùisdean D MacLlinnein agus Jo NicDhòmhnaill.

Chaidh Iain A MacAoidh fhastadh mar Cheannard air 14 Ògmhios 2010 agus thòisich e na dhreuchd air 1 Sultain 2010.

John A MacKay  
(Ceannard from 1 September 2010)

Donald Martin  
(Interim Senior Support Team and Accountable Officer until 31 August 2010)

Hugh D MacLennan  
(Interim Senior Support Team until 31 August 2010)

Jo MacDonald  
(Interim Senior Support Team until 31 August 2010)

David Boag  
(Head of Gaelic Usage)

Sandaidh Jones  
(Head of Finance & Corporate Services until 11 June 2010)

Mary MacMillan  
(Head of Education & Learning from 22 November 2010)

Rosemary Ward  
(Head of Education & Learning until 18 June 2010)

During the year the Interim Senior Support Team, which was appointed in 2009-10, continued to provide senior management support for the implementation of the National Gaelic Language Plan and to supervise planned changes in its structure and operations. The Team comprised three members, Donald Martin (Accountable Officer), Hugh D MacLennan, and Jo MacDonald.

John A MacKay was appointed on 14 June 2010 as Ceannard and he took up the post on 1 September 2010.

# Comataidhean a' Bhùird Bòrd Committees

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas den Chathraiche agus suas gu 11 buill eile agus bidh am Bòrd a' coinneachadh gu cunbalach tron bhliadhna. Tha Buill a' Bhùird air am fastadh le Ministearan na h-Alba. 'S e trì bliadhna an ùine àbhaisteach san dreuchd aig ball neo-ghniomhach den Bhòrd, ged a dh'fhaodadh fad dreuchdan a bhith air atharrachadh gus leantalachd ann am ballrachd a' Bhùird a dhèanamh tèarainte. Sa Mhàrt 2009 chaidh an Cathraiche thastadh airson ùine ceithir bliadhna gu 1 Màrt 2013.

Tha am Bòrd air poileasaidh Ùghdarris lonmhaisail Tiomnaichte a stèidheachadh, a tha a' cur impidh air oifigearan aonta a shireadh mu choinneamh chûisean / bhuileachaidhean a tha taobh a-muigh cumhachdan aontaichte a' Cheannaird.

Tha Comataidh Sgrùdaidh aig a' Bhòrd a bhios a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna aig a' char as lugha. Tha trìuir bhall den Bhòrd air a' chomataidh agus bha Murchadh MacLlinnein sa Chathair fad na bliadhna. Bidh na h-in-sgrùdairean agus na sgrùdairean bhon taobh a-muigh a' frithealadh coinneamhan a' Chomataidh Sgrùdaidh uile. Tha na h-in-sgrùdairean agus na sgrùdairean bhon taobh a-muigh a' faotainn cothrom labhairt ri buill a' Chomataidh ann an diomhreachd. 'S e adhbhar a' Chomataidh Sgrùdaidh a bhith a' cumail sùil air agus ag ath-bhreithneachadh cunnart, smachd agus riaghladh corporra. Tha e ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus ag aithris don Bhòrd.

Tha Comataidh locaidh aig a' Bhòrd, air a bheil trìuir bhall den Bhòrd agus Iain Caimbeul sa Chathair (b' àbhaist Iain A MacAoidh a bhith sa Chathair). Bidh e a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna aig a' char as lugha, mar a dh'aitheas an Cathraiche agus tha na coinneamhan air an eagrachadh gus freagairt air clàran-ama obrachaидh Bhòrd na Gàidhlig. Tha e air iarraidh air buill de luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig coinneamhan a fhrithealadh nuair a thathar a' deasbad air cuspairean sa bheil buntainmeas sònraichte. 'S e adhbhar a' Chomataidh, comhairle a sholarachadh don Bhòrd air cùisean co-cheangailte ri ionmhas, poileasaidh agus iocadh luchd-obrach.

**Iain A MacAoidh**  
**Oifigear Cunnatachail**  
**21 Ògmhios 2011**



The Bòrd comprises the Cathraiche and up to 11 other members and meets regularly throughout the year. Members of the Bòrd are appointed by the Scottish Ministers. The normal term of office for a non-executive Bòrd member is three years, although lengths of appointments may be varied to ensure continuity of Bòrd membership. In March 2009 the Cathraiche was appointed for a period of four years until 1 March 2013.

The Bòrd has established a Delegated Financial Authority policy which requires officers to seek approval for matters/awards outwith the Ceannard's approved delegated powers.

The Bòrd has an Audit Committee which meets at least four times a year. It comprises three Bòrd members, and was chaired by Murdo MacLennan throughout the year. The external and internal auditors attend all Audit Committee meetings. The external and internal auditors are given the opportunity to speak confidentially to the Committee members. The purpose of the Audit Committee is to monitor and review risk, control and corporate governance. It operates independently and reports to the Bòrd.

The Bòrd has a Remuneration Committee, which comprises three Bòrd members and is chaired by Iain Campbell (formerly chaired by John A Mackay). It meets at least twice in each year, as determined by its Chairperson, and meetings are set so as to complement the operational timetables of Bòrd na Gàidhlig. Members of Bòrd na Gàidhlig staff are asked to attend meetings when subjects of particular relevance are discussed. The purpose of the Committee is to provide advice to the Bòrd on issues relating to finance, policy, and staff remuneration.

**John A MacKay**  
**Accountable Officer**  
**21 June 2011**



# Aithisg ìocaidh

## Remuneration Report

### NEO-SGRÙDAICHTE

Tha Iain Caimbeul ann an cathair a' Chomataidh ìocaidh. Tha Rob Dunbar agus Micheal Foxley nam ball den chomataidh.

Tha a' Chomataidh ìocaidh ag aontachadh ìrean tuarastail an luchd-obrach ann an co-rèir ri Poileasaidh Pàighidh na Roinne Poblaich aig Riaghaltas na h-Alba airson Sùimean Pàighidh Luchd-obrach. Tha a' Chomataidh cuideachd a' daingneachadh mholaidhean pàighidh co-cheangalite ri coileanadh don luchd-obrach, àrd-sgioba stiùiridh agus an Ceannard.

Tha luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig air an iocadh le structar pàighidh is rangachaидh stèidhichte air sgèilichean pàighidh a dh'obraicheadh a-mach le Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' solarachadh uidheamachd chruaidh, chothromach agus fhosgarra airson a bhith a' measadh, a' daingneachadh agus a' stiùireadh adhartas tuarastail tro na h-ìrean, stèidhichte air ìrean coileanaidh a' Bhùird agus dhaoine fa leth. Tha am Bòrd co-shìnte ri Riaghaltas na h-Alba airson adhbharan pàighidh, agus tha sùimean Pàighidh air an làimhseachadh fon phròiseas do "buidhnean nas lughá".

### SGRÙDAICHTE

#### AUDITED

	<b>2011</b> <b>Iomlan</b> <b>Total</b> <b>£'000</b>	<b>2010</b> <b>Iomlan</b> <b>Total</b> <b>£'000</b>	<b>Remuneration of Bòrd Members</b>
<b>iocadh Buill a' Bhùird</b>			
locadh / Cisean:			Remuneration / Fees:
Cathraiche – A. MacCormack	19	19	Cathraiche – A. Cormack
Buill eile	47	54	Other members
	66	73	

Chaidh Art MacCormack fhastadh mar Chathraiche Eadar-amail bho 1 luchair 2008 agus a dhaingneachadh mar Chathraiche bho 1 Màrt 2009.

Arthur Cormack was appointed as Interim Cathraiche from 1 July 2008 and confirmed as Cathraiche from 1 March 2009.

# BUILL DEN BHÒRD BÒRD MEMBERS

Remuneration			
	2011	2010	
	£	£	
Art MacCarraig	18,600	18,600	Arthur Cormack
Rob Dunbar	6,200	6,200	Rob Dunbar
Micheal Foxley	6,200	6,200	Michael Foxley
Iain A MacAoidh (gu 31 Lùnastal 2010)	2,583	6,200	John A MacKay (to 31 August 2010)
Alasdair MacLeod	6,200	6,200	Alasdair MacLeod
Anna NicSuain	6,200	6,200	Annie MacSween
Cairistiona Allon	6,200	6,200	Christina Allon
Sandaidh Jones (gu 25 Faoilleach 2010)	-	4,769	Sandaidh Jones (to 25 January 2010)
Coinneach MacFhionghuin	6,200	6,200	Kenneth MacKinnon
Murchadh MacLlinnein	6,200	6,200	Murdo MacLennan
Elasaid Nic an t-Saoir (fastadh 1 Màrt 2011)	517	-	Elizabeth McAtear (appointed 1 March 2011)
Iain Caimbeul (fastadh 1 Màrt 2011)	517	-	Iain Campbell (appointed 1 March 2011)
Iain MacLeod (fastadh 1 Màrt 2011)	517	-	John MacLeod (appointed 1 March 2011)
	66,134	72,969	

Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan buill a' Bhùird.

Bòrd member appointments are not pensionable.

## **ÍOCADH A' CHATHRAICHE REMUNERATION OF CATHRAICHE**

2011 Tuarastal	2011 Buannachdan neo-ionmhasail	2010 Tuarastal	2010 Buannachdan neo-ionmhasail
Salary £'000	Benefits in Kind £'000	Salary £'000	Benefits in Kind £'000
A. MacCarmaig	15 - 20	-	15 - 20
<b>Cathraiche</b>		<b>Cathraiche</b>	
A. Cormack			

## ÌOCADH CEANNAIRD AGUS ÀRD-SGIOBA STIÙIRIDH

### REMUNERATION OF CEANNARD AND SENIOR MANAGEMENT TEAM

Àrd-Sgioba Stiùridh	Buill den Tuarastal £'000	2011 Buannach- dan neo- ionmhasail (gun £100 as fhaisge) Benefits in kind (to nearest £100)	2010 Tuarastal £'000	2010 Buannach- dan neo- ionmhasail (gun £100 as fhaisge) Benefits in kind (to nearest £100)	Senior Management Team Member
Iain A. MacAoidh (Ceannard bho 1 Sultain 2010)	35 – 40 (65 – 70 co-ionnan ri bliadhna slàrn) (65 – 70 full year equivalent)	-	-	-	John A MacKay (Ceannard from 1 September 2010)
Dòmhnull Màrtainn (Oifigear Cunntachail bho 21 Iuchair 2009 gu 31 Lùnastal 2010))	15 – 20	-	35 – 40	-	Donald Martin (Accountable Officer from 21 July 2009 until 31 August 2010)
Sandaigh Jones (Leasaiche Ionmhais & Seirbheisean Corporra) (bho 25 Faoilleach 2010 gu 11 Ògmhios 2010)	5 – 10 (40 – 45 co-ionnan ri bliadhna slàrn) (40 – 45 full year equivalent)	£1,100 (àite-fuirich) (accommo- dation)	-	-	Sandaigh Jones (Head of Finance & Corporate Services)(from 25 January 2010 until 11 June 2010)
Daibhidh Boag (Leasaiche Cleachdadh Càinain)	45 -50	-	-	-	David Boag (Head of Gaelic Usage)
Màiri Nic Ille Mhaoil (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh) (bho 22 Samhain 2010)	15 – 20 (40 – 45 co-ionnan ri bliadhna slàrn) (40 – 45 full year equivalent)	-	-	-	Mary MacMillan (Head of Education & Learning) (from 22 November 2010)
Rosemary Nic a' Bhàird (Ceannard an Gniomh gu 24 Ògmhios 2009) (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh bho 1 Lùnastal 2009 gu 18 Ògmhios 2010)	15 – 20 (50 – 55 co-ionnan ri bliadhna slàrn) (50 – 55 full year equivalent)	£1,100 (càr) (motor car)	10 - 15 (55 – 60 co-ionnan ri bliadhna slàrn) (55 – 60 full year equivalent)	£4,000 (càr ) (motor car)	Rosemary Ward (Acting Ceannard to 24 June 2009) (Head of Education & Learning from 1 August 2009 to 18 June 2010)

Cha robh Ceannard an dreuchd gu 31 Lùnastal 2010. Chaith Àrd-Sgioba Taic Eadar-amail fhastadh air 7 Iuchair 2009, gus comasan a' Bhùird a thaobh buileachadh Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig a leudachadh agus atharrachaidhean san amharc ann an structar agus modhan obrachaidh na buidhne a stiùireadh chun an ama a bhiodh Ceannard air fhastadh don dreuchd. Bha triúir san sgioba – Dòmhnull Màrtainn, Ùisdean D MacLlinnein, agus Jo NicDhòmhnaill.

Until 31 August 2010 there was no Ceannard in post. An Interim Senior Support Team, appointed on 7 July 2009, was put in place to increase the Bòrd's capacity to implement the National Gaelic Language Plan and to supervise planned changes in its structure and operations until a Ceannard was appointed. The Team comprised three members - Donald Martin, Hugh D MacLennan, and Jo MacDonald.

Ghabh Dòmhnull Màrtainn dreuchd mar Oifigear Cunntachail os làimh gu 31 Lùnastal 2010 agus tha a chuid iocaidh, air bunait làitheil, air fhoillseachadh gu h-àrd.

Donald Martin acted as Accountable Officer until 31 August 2010 and his remuneration, which was on a daily rate, is disclosed above.

Bha Ùisdean D Macllinnein agus Jo NicDhòmhnaill an dreuchd air bunait cunnraigheil agus tha na pàighidhean dhaibhsan a thaobh dleastanasan Àrd-Sgioba Taic Eadar-@mail mar a leanas:

Hugh D MacLennan and Jo MacDonald were engaged on a contract basis and payments made to them in respect of Interim Senior Support Team duties were as follows:

	<b>2011</b> <b>Cisean agus Cosgaisean £'000</b>	<b>2010</b> <b>Cisean agus Cosgaisean £'000</b>	
	<b>Fees and Expenses £'000</b>	<b>Fees and Expenses £'000</b>	
Ùisdean D Macllinnein	25 - 30	45 - 50	Hugh D MacLennan
Jo NicDhòmhnaill	15 - 20	35 - 40	Jo MacDonald

Bha buill na h-Àrd-Sgioba Taic Eadar-@mail air an iocadh air reata làitheil, agus bha na reataichean rè na bliadhna mar a leanas:

The Interim Senior Support Team members were remunerated on a daily rate, and the rates applicable during the year were as follows:

Dòmhnull Màrtainn:	£400 san latha	Donald Martin:	£400 per day
Ùisdean D Macllinnein:	£500 + VAT san latha	Hugh D MacLennan:	£500 + VAT per day
Jo NicDhòmhnaill:	£400 san latha	Jo MacDonald:	£400 per day

## LÀN-CHÒIR AIR PEINNSEAN LE BUILL A' BHÙIRD, AN CEANNARD AGUS AN ÀRD-SGIOBA STIÙIRIDH

Tha am Bòrd a' cur an gniomh sgeama shochairean mìnichte mar bhuidheann a tha ceadaichte fo Mhaoin Peinnsein Chomhairle na Gàidhealtachd, le so-mhaoinean air an cumail ann am maoin fa leth fo rianachd urrasairean (nota 12 de na h-aithrisean ionmhasail).

Tha FReM ag iarraidh sgaoileadh air an fhiosrachadh co-cheangailte ri làn-chòir peinnsein a thaobh Buill a' Bhùird, an Ceannard agus an Àrd-Sgioba Stiùiridh.

Chan eil làn-chòir air peinnsean aig Buill a' Bhùird.

Cha robh Ceannard an dreuchd gu 31 Lùnastal 2010. Rè an ama sin, bha dleastanasan na dreuchd sin air an gabhail a-steach do chlàr-obrach buill na h-Àrd-Sgioba Taic, agus cha robh aon neach dhiubh nam ball den sgeama peinnsein rè na bliadhna. Anns an Àrd-Sgioba Taic bha Dòmhnull Màrtainn, a bha a' coileanadh dreuchd Oifigear Cunntachail gu 31 Lùnastal 2010, Ùisdean D MacLlinnein agus Jo NicDhòmhnaill.

Anns an Àrd-Sgioba Stiùiridh a bha an dreuchd bho 1 Sultain 2010 gu 31 Màrt 2011, bha lain A MacAoidh (Ceannard agus Oifigear Cunntachail) Daibhidh Boag (Leasaiche Cleachdadh Càinain), agus Màiri Nic Ille Mhaoil (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh) (bho 22 Samhain 2010). Bha iad sin uile nam buill de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd.

## PENSION ENTITLEMENTS OF BÒRD MEMBERS, CEANNARD AND SENIOR MANAGEMENT TEAM

The Bòrd operates a defined benefit scheme as an admitted body under the Highland Council Pension Fund, the assets of which are held in a separate trustee administered fund (note 12 to the financial statements).

The FReM requires the disclosure of the information regarding the pension entitlements of the Bòrd Members, Ceannard and Senior Management Team.

Bòrd Members do not have any pension entitlement.

Until 31 August 2010 there was no Ceannard in post. During that period the duties of the post were incorporated within the remit of members of the Interim Senior Support Team, none of whom was a member of the pension scheme during the year. The Interim Senior Support Team comprised Donald Martin, who served as Accountable Officer until 31 August 2010, Hugh D MacLennan and Jo MacDonald.

The Senior Management Team in place during the period from 1 September 2010 to 31 March 2011 comprised John A MacKay (Ceannard and Accountable Officer) David Boag ((Leasaiche Cleachdadh Càinain), and Mary MacMillan (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh) (from 22 November 2010). All of these were members of the Highland Council Pension Scheme.

## BALL DEN ÀRD-SGIOBA STIÙRIDH SENIOR MANAGEMENT TEAM MEMBER

Fàs ann am Peinnsean aig 31/03/11 agus Cnap Airgid Co-cheangailte	Fior mheudachadh ann am Peinnsean agus Cnap Airgid aig Aois Peinnsein	CETV aig 31/03/11	CETV aig 31/03/10	Fior mheudachadh ann an CETV	
				Bannan de £5,000	Bannan de £2,500
				£'000	£'000
Iain A MacAoidh (Ceannard bho 1 Sultain 2010)	0 - 5	(a)	1	n/a	n/a
Dòmhnull Màrtainn (Oifigeal Cunntachail bho 21 Iulair 2009 gu 31 Lùnastal 2010)	(b)	(b)	(b)	(b)	(b)
Sandaidh Jones (Leasaiche Ionmhais & Seirbheisean Corporra)(bho 25 Faoilleach 2010 gu 11 Ògmhios 2010)	(a)	(a)	(a)	(a)	(a)
Daibhidh Boag (Leasaiche Cleachdadh Cànan)	0 - 5	(a)	7	1	2
Màiri Nic Ille Mhaoil (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh) (bho 22 Sultain 2010)	0 - 5	(a)	2	n/a	n/a
Rosemary Nic a' Bhàird (Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh bho 1 Lùnastal 2009 gu 18 Ògmhios 2010)	(a)	(a)	(a)	(a)	(a)

(a) Cha d' fhuaireadh am fiosrachadh seo bhon chlèireach laghail agus chan eil e ri fhaotainn gu làithreach.

(b) Cha robh an neach-obrach seo na bhall den sgeama peinnsein.

(a) This information was not obtained from the actuaries and is not currently available.

(b) This employee was not a member of the pension scheme.

Chan eil fiosrachadh co-cheangailte ri Fior Mheudachadh ann an CETV ach a' beantainn ri buill den sgeama peinnsein, a bha an dreuchd aig toiseach agus deireadh na bliadhna ionmhais.

Information relating to Real Increase in CETV is applicable only to members of the pension scheme who were in post at both the commencement and end of the financial year.

## BUANNACHDAN CLUINEIS

Do bhuill a tha a' dol a-steach don sgeama peinnsein às dèidh 1 Giblean 2009, tha buannachdan a' fàs aig reata de aon trì-ficheadamh den tuarastal pheinnseanach airson gach bliadhna seirbheis, le ùmhachd do uas-mheud de 40 bliadhna. Cha bhi iad a' faighinn cnap airgid ge-tà gun cheist, ach bidh iad airidh air pàirt dem peinnsean bliadhnil fhaighinn mar chnap airgid aig àm leigeil dhiubh an dreuchd.

Bidh buill a chaidh a-steach don sgeama peinnsein ro 1 Giblean 2009 a' cruinneachadh bhuannachdan aig reata de aon dà-ficheadamh den tuarastal peinnseanach airson gach bliadhna seirbheis, le ùmhachd do uas-mheud de 40 bliadhna, còmhla ri cnap airgid de thrì uimhir am peinnsean.

## LUACHAN GLUASAID CO-IONNAN RI AIRGEAD

Tha luach gluasaid co-ionnan ri airgead (CETV) mar an luach calpaichte air a mheasadh le cléireach-cùirte a thaobh buannachdan sgeama peinnsein, air an cruinneachadh le ball gu aon àm sònraichte. Tha na buannachdan air an luachadh mar bhuannachdan a' bhuill, agus peinnsean neach-cèile tuiteamais a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Tha CETV mar phàigheadh bho sgeama peinnsein no bho rèiteachadh gus buannachdan peinnsein a thèarainn ann an sgeama peinnsein no rèiteachadh eile, nuair a dh'fhàgas am ball sgeama agus a' roghnaicheas e na buannachdan air an cruinneachadh sa chìad sgeama a għluasad. Tha na figearan peinnsein, a tha air an taisbeanadh, co-cheangailte ris na buannachdan a tha an neach fa leth air a chruinneachadh mar thoradh air ballrachd iomlan sa sgeama peinnsein, chan e direach an t-seirbheis ann an àrd-suidheachaidd ris a bheil foillseachadh a' beantainn.

## FIOR MHEUDACHADH ANN AN CETV

Tha seo a' nochdad a' mheudachaidh ann an CETV a tha maoinichte gu h-èifeachdach leis an neach-fastaidh. Tha e a' gabhail a-steach tabhartasan air am pàigheadh leis an neach-obrach (a' gabhail a-steach luach bhuannachdan sam bith air an gluasad bho sgeama peinnsein no rèiteachadh eile) agus a' cleachdadh factaran luachaidh margaidh coitcheann airson toiseach is deireadh an ama, ach chan eil e a' gabhail a-steach meudachadh ann am peinnsean cruinnichte mar thoradh air atmhorachd.

Air aontachadh leis a' Bhòrd air 21 Ògmhios 2011.  
Air a shoidhnigeadh às leth a' Bhùird

**Iain A MacAoidh  
Oifigear Cunntachail  
21 Ògmhios 2011**

## RETIREMENT BENEFITS

For members joining the pension scheme after 1 April 2009, benefits accrue at the rate of one-sixtieth of pensionable salary for each year of service, subject to a maximum of 40 years. They do not receive an automatic lump sum, however, they will be entitled to commute part of their annual pension for a lump sum on retirement.

Members joining the pension scheme before 1 April 2009 accrue benefits at the rate of one-fortieth of pensionable salary for each year of service, subject to a maximum of 40 years, together with a lump sum of three times the pension.

## CASH EQUIVALENT TRANSFER VALUES

A cash-equivalent transfer value (CETV) is the actuarially assessed capitalised value of the pension scheme benefits accrued by a member to a particular point in time. The benefits valued are the member's benefits and any contingent spouses pension payable from the scheme. A CETV is a payment made by a pension scheme or arrangement to secure pension benefits in another pension scheme or arrangement when the member leaves a scheme and chooses to transfer the benefits accrued in the former scheme. The pension figures shown relate to the benefits that the individual has accrued as a consequence of their total membership of the pension scheme, not just their service in a senior capacity to which disclosure applies.

## REAL INCREASE IN CETV

This reflects the increase in CETV effectively funded by the employer. It includes contributions paid by the employee (including the value of any benefits transferred from another pension scheme or arrangement) and uses common market valuation factors for the start and end of the period but does not include the increase in accrued pension due to inflation.

Approved by the Bòrd on 21 June 2011.  
Signed on behalf of the Bòrd

**John A MacKay  
Accountable Officer  
21 June 2011**

# Aithris Gleastanasan An Oifigeir Chunntachail

## Statement of Accountable Officer's Responsibilities

Fo Earrann 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha riataras air Bòrd na Gàidhlig aithrisean ionmhasail ullachadh mu choinneamh gach bliadhna ionmhais ann an cruth agus air bunait a tha air a dhaingneachadh le Ministearan na h-Alba. Tha na h-aithrisean ionmhasail air an ullachadh air bunait fàis, le feum air sealladh fior agus cothromach a nochdadh mu chûisean Bhòrd na Gàidhlig aig deireadh na bliadhna ionmhais, agus air teachd-a-steach is caiteachas, buannachdan is call is sruthan airgid aithnichte iomlan airson na bliadhna ionmhais.

Ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail gèilleadh do riatarasan Leabhar-làimhe Aithriseachd Ionmhasail an Riaghaltais, agus gu h-àraig:

- toirt an aire don stiùireadh air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba mu aithrisean ionmhasail, a' gabhal a-steach nan riatarasan buntainneach co-cheangailte ri cunntasachd is sgaoileadh, agus poileasaidhean curntasachd iomchaidh a chur an gniomh air bunait chunbalach;
- breithneachaidhean agus tuairmsean a dhèanamh air bunait reusanta;
- cur an cèill a bheil irean cunntasachd buntainneach mar a tha air am mineachadh le Leabhar-làimhe Aithriseachd Ionmhasail an Riaghaltais air an leantainn, agus a' nochdadh agus a' mineachadh gluasad an tòbhachdach sam bith sna h-aithrisean ionmhasail; agus
- ullachadh nan aithrisean ionmhasail air bunait gnothaich soirbheachail.

A thuilleadh air an sin, tha uallach coitcheann air a' Bhòrd a thaobh nan ceumannan reusanta a tha fosgalte dha a ghabhal gus so-mhaoin a' Bhùird a dhion, agus gus foill is neo-riaghailteachdan eile a lorg agus a bhacadh.

Chaidh Iain A MacAoidh ainmeachadh mar Oifigear Cunntachail a' Bhùird bho 1 Sultain 2010, leis an Oifigear Cunntachail airson Cultar, Cùisean air an Taobh A-Muigh agus Turasachd aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha a dhleastanasan buntainneach mar Oifigear Cunntachail don Bhòrd air am mineachadh sa Mheòrachan do dh'Oifigean Cunntachail a tha air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba. Tha uallach air an Oifigear Chunntachail airson iomchaidheachd agus cunbalachd nan ionmhasan poblach do bheil iad cunntachail, a thaobh clàran ceart a chumail agus so-mhaoin a' Bhùird a dhion.

Under Section 8 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Bòrd na Gàidhlig is required to prepare financial statements for each financial year in the form and on the basis determined by the Scottish Ministers. The financial statements are prepared on an accruals basis and must give a true and fair view of the state of affairs of Bòrd na Gàidhlig as at the end of the financial year and of the income and expenditure, total recognised gains and losses and cash flows for the financial year.

In preparing the financial statements, the Accountable Officer is required to comply with the requirements of the Government Financial Reporting Manual and in particular to:

- observe the financial statements direction issued by the Scottish Ministers, including the relevant accounting and disclosure requirements, and apply suitable accounting policies on a consistent basis;
- make judgements and estimates on a reasonable basis;
- state whether applicable accounting standards as set out in the Government Financial Reporting Manual have been followed, and disclose and explain any material departures in the financial statements; and
- prepare the financial statements on a going concern basis.

In addition the Bòrd has general responsibility for taking such steps as are reasonably open to it to safeguard the assets of the Bòrd and to prevent and detect fraud and other irregularities.

The Accountable Officer of the Scottish Government Culture, External Affairs and Tourism designated John A MacKay as Accountable Officer for the Bòrd with effect from 1 September 2010.

His relevant responsibilities as Accountable Officer for the Bòrd are set out in the Memorandum to Accountable Officers issued by Scottish Ministers. The Accountable Officer has responsibility for the propriety and regularity of the public finances for which they are answerable, for keeping proper records and for safeguarding the Bòrd's assets.

# Aithris air In-Smachd

## Statement on Internal Control

### FARSAINGEACHD UALLAICH

Mar Oifigear Cunntachail, tha mi cunntachail airson a bhith a' cumail suas siostam earbsach de dh'in-smachd, a tha a' cur taic ri coileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na buidhne, mar a tha air an stèidheachadh le Ministearan na h-Alba agus aig an aon àm a' dòn maoin agus so-mhaoin a' phobaill do bheil mi cunntachail gu pearsanta, ann an co-rèir ris na dleastanasan a tha air an sònrachadh dhomh.

Thug an t-Oifigear Cunntachail a bh' ann suas a dhreuchd air 31 Lùnastal 2010. Thòisich mise nam dhreuchd mar Oifigear Cunntachail air 1 Sultain 2010.

Tha Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM) air a sgaioileadh le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a sholarachadh do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean iomchaidh eile mu làimhseachadh agus aithris ceart air maoinean poblach. Tha e air a dhealbh gu ire mhòr gus dèanamh cinnteach gu bheil gèilleadh ann do riatanasan reachdail agus Pàrlamaideach, gus luach an airgid agus irean àrda iomchaidheachd a chur air adhart, agus gus cunntachalachd èifeachdach is siostaman matha in-smachd a thèarainn.

### ADHBHAR AN T-SIOSTAIM IN-SMACHD

Tha an siostam in-smachd air a dhealbh gus dèiligeadh le cunnart gu ire reusanta seach cur às gu tur do chunnart co-cheangailte ri fàilligeadh air poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na buidhne a choileanadh; mar sin, chan urrainn dhan t-siostam ach cinnt reusanta air èifeachdas a sholarachadh seach làn-chinnt.

Bha an siostam in-smachd a bha na àite tron bhliadhna gu ire mhòr stèidhichte air pròiseas a bha air a dhealbh gus cunnartan a thaobh coileanadh poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na buidhne a chomharrachadh agus a phriomhachadh; gus coltas nan cunnartan sin a thighinn gu buil a luachadh agus a' bhuaidh a bhiodh aca nan tigeadh iad gu buil; agus gus dèiligeadh leotha gu gnothaicheil, gu h-èifeachdach agus gu h-eaconamach.

### SCOPE OF RESPONSIBILITY

As Accountable Officer, I have responsibility for maintaining a sound system of internal control that supports the achievement of the organisation's policies, aims and objectives, set by Scottish Ministers, whilst safeguarding the public funds and assets for which I am personally responsible, in accordance with the responsibilities assigned to me.

The previous Accountable Officer ceased to hold the position on 31 August 2010. I commenced my appointment as Accountable Officer on 1 September 2010.

The Scottish Public Finance Manual (SPFM) is issued by the Scottish Ministers to provide guidance to the Scottish Government and other relevant bodies on the proper handling and reporting of public funds. It is mainly designed to ensure compliance with statutory and Parliamentary requirements, promote value for money and high standards of propriety, and secure effective accountability and good systems of internal control.

### THE PURPOSE OF THE SYSTEM OF INTERNAL CONTROL

The system of internal control is designed to manage risk to a reasonable level rather than to eliminate all risk of failure to achieve policies, aims and objectives; it can therefore only provide reasonable and not absolute assurance of effectiveness.

The system of internal control in place during the year was mainly based on a process designed to identify and prioritise the risks to the achievement of the organisation's policies, aims and objectives; to evaluate the likelihood of those risks being realised and the impact should they be realised; and to manage them efficiently, effectively and economically.

Tha an siostam in-smachd air a bhith na àite airson na bliadhna gu 31 Màrt 2011 agus suas gu ceann-latha aonta air an aithisg bhliadhnaile agus na cunntasan bliadhnaile, ann an co-rèir ri stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba, mar a tha ri fhaotainn anns an SPFM.

## FRÈAM CUNNAIRT AGUS SMACHD

Feumaidh gach buidheann le ùmhachd do riatanasan an SPFM ro-innleachd airson làimhseachadh cunnart a chur an gniomh, ann an co-rèir ri stiùireadh buntainneach bho Mhinistearan na h-Alba.

Tha am pròiseas air Stiùireadh Cunnart air a mhìneachadh gu h-iosal. Gus cunnartan cudromach a stiùireadh agus a chur fo smachd, tha planaichean gniomha, raoin-ama agus luchd-stiùridh cunntachail air an aontachadh. Tha Clàran Cunnairt, a' gabhail a-steach planaichean gniomha, air an cumail suas agus air an ath-bhreithneachadh gu cunbalach leis an Àrd-Sgioba Stiùridh. Tha aithris air buileachadh phlanaichean gniomha gus cunnart a làimhseachadh ga chur gu cunbalach gun Chomataidh Sgrùdaidh agus chun a' Bhùird. Tha earrann air Cunnartan air a ghabhail a-steach do phlanaichean agus do mholaidhean cudromach uile a thathar a' cur a-steach chun a' Bhùird airson aonta / co-dhùnadadh.

Tha Ro-Innleachd Stiùridh Cunnairt agus Clàr Stiùridh Cunnairt a chaidh aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh agus leis a' Bhòrd ann an 2009-10, air an ath-bhreithneachadh, air an ùrachadh agus air an aontachadh ann an 2010-11.

Tha am Bòrd dealasach a thaobh pròiseas leasachaidh agus feabhasachaidh le bhith a' leasachadh shiostaman mar thoradh air ath-bhreithneachaidhean agus leasachaidhean buntainneach ann an deagh chleachdad san raon seo. Gu h-àraig, tha sinn air togail air builean a thàinig bhon obair stiùridh cunnairt a chaidh a choileanadh ann an 2010-11 gus:

- dèanamh cinnteach gu bheil prionnsapalan Stiùridh Cunnairt air an neadachadh mar phàirt den phròiseas stiùridh àbhaisteach;
- an Clàr Cunnairt ath-ùrachadh gu cunbalach;
- trèanadh air mothachadh cunnairt a chumail a' dol, a' gabhail a-steach buidhnean compàirteachaidh;
- aithisgean mu dheidhinn in-smachd fhaotainn bho Chathraiche Comataidh Sgrùdaidh na buidhne a chur chun a' Bhùird bho àm gu àm; agus

The system of internal control has been in place for the year ended 31 March 2011, and up to the date of approval of the annual report and accounts, and accords with guidance from Scottish Ministers provided in the SPFM.

## THE RISK AND CONTROL FRAMEWORK

All bodies subject to the requirements of the SPF must operate a risk management strategy in accordance with relevant guidance issued by the Scottish Ministers.

The Risk Management process is outlined below. To manage and control significant risks, action plans, timescales and responsible managers are agreed. Risks Registers, including action plans, are maintained and periodically reviewed by the Senior Management Team. Implementation of action plans to manage risk is reported regularly to the Audit Committee and the Bòrd. A section on Risks is included in all significant plans and proposals submitted to the Bòrd for decision/approval.

A Risk Management Strategy and a Risk Management Register which were approved by the Audit Committee and the Bòrd in 2009-10 have been reviewed, updated, and approved in 2010-11.

The Bòrd is committed to a process of continuous development and improvement by developing systems in response to any relevant reviews and developments in best practice in this area. In particular, we have built on the outcomes from the risk management work done in 2010-11 to:

- ensure that Risk Management principles are embedded as part of normal management process;
- regularly update the Risk Register;
- continue risk awareness training, including partner organisations;
- receive periodic reports from the Chair of the organisation's Audit Committee to the Bòrd, concerning internal control; and

- dèanamh cinnteach gum bi siostaman a' leantainn orra a' gabhail a-steach stiùireadh cunnairt do bhuileachaidhean maoineachaidh a' Bhùird agus do phròiseas planaidd corpora iomlan a' Bhùird.

Tha am Bòrd dealasach le leasachadh leantainneach air deagh chleachdadh ann an stiùireadh cunnairt a thaobh fiosrachaideh, ann an co-rèir ri stiùireadh a' tighinn am bàrr. Chaidh Tèaraainteachd agus Stiùireadh Fiosrachaideh ath-bhreithneachadh le In-Sgrùdadadh agus Sgrùdadadh Alba, agus thathar a' cur ghniomhan an cèill gu leantainneach gus cunnartan a lùghdachadh cho fada 's a ghabhas sna raoitean sin. Leanaidh sinn air adhart a' cur chunnartan agus stiùireadh fo ath-bhreithneachadh agus tha leasachaidhean a bharrachd san amharc.

Tha obair an in-sgrùdaidh mar phàirt choileanta den t-siostam in-smachd. Bha an cunnradh airson solar seirbheis in-sgrùdaidh mu choinneamh na bliadhna ionmhasail seo air a choileanadh le TirArd MacKenzie. Ghabh TirArd MacKenzie an obair os làimh stèidhichte air analis den chunnart don robh am Bòrd fosgalite. Thugadh aithisgean gu buil a bha a' còmhachd Smachdan Ionmhais a' Bhùird – Caiteachas, Bancadh, Ceannach, Buileachadh Tabhartais / Cunnraidi, Gèilleadh do Phoileasaidean HR, Gèilleadh don Luach as Fheàrr, Stiùireadh Cunnairt agus ath-bhreithneachaidhean bhon taobh a-muigh air dà bhuidheann com-pàirteachais. Tha iad sin a' gabhail a-steach beachd air iomchaidheachd is èifeachdas an t-siostam in-smachd, còmhla ri molaidhean a thaobh leasachaidhean a tha luchd-stiùiridh a' toirt gu buil.

## ATH-BHREITHNEACHADH AIR ÈIFEACHDAS

Mar Oifigear Cunntachail, tha dleastanas orm a bhith a' dèanamh ath-bhreithneachadh air èifeachdas an t-siostaim in-smachd. Tha an ath-bhreithneachadh agam air èifeachdas an t-siostaim in-smachd air fiosrachadh leis:

- na Manaidsearan an taobh a-staigh na buidhne, air a bheil dleastanas a thaobh am frèam in-smachd a leasachadh agus a chumail suas;
- an obair aig in-sgrùdairean, a bhios a' cur a-steach aithisgean cunbalach gu Comataidh Sgrùdaidh a' Bhùird (a' gabhail a-steach beachd neo-eisimeileach is cothromach air comas is èifeachdas siostaman in-smachd a' Bhùird, còmhla ri molaidhean airson leasachadh); agus
- iomraighean nan sgrùdairean bhon taobh a-muigh nan litir stiùiridh agus ann an aithisgean eile.

- ensure that systems continue to incorporate risk management into the Bòrd's funding awards and into its overall corporate planning process.

The Bòrd is committed to continuous development of best practice in information risk management in line with emerging guidance. Information Security and Management were reviewed by Internal Audit and Audit Scotland, and action continues to be taken to minimise risks in these areas. We will continue to keep information risks and management under review, and further improvements are planned.

The internal audit function is an integral part of the internal control system. The contract for provision of an internal audit service for the financial year was carried out by TirArd MacKenzie. TirArd MacKenzie undertook work based on an analysis of the risk to which the Bòrd was exposed. Reports have been produced which covered the Bòrd's Financial Controls - Expenditure, Banking, Purchasing, Grant/Contract Awards, HR Policies Compliance, Best Value Compliance, Risk Management, and external reviews of two partner organisations. These include an opinion on the adequacy and effectiveness of the system of internal control, together with recommendations for improvements, which are being implemented by management.

## REVIEW OF EFFECTIVENESS

As Accountable Officer, I have responsibility for reviewing the effectiveness of the system of internal control. My review of the effectiveness of the system of internal control is informed by:

- the Managers within the organisation, who have responsibility for the development and maintenance of the internal control framework;
- the work of internal auditors, who submit regular reports to the Bòrd's Audit Committee (this includes their independent and objective opinion on the adequacy and effectiveness of the Bòrd's systems of internal control together with recommendations for improvement); and
- comments made by the external auditors in their management letter and other reports.

Rè na bliadhna, dhearbh agus dh'aontaich am Bòrd na sgrìobhainnean a leanas:

- Ùrachadh air Clàr Stiùiridh Cunnairt
- Ath-sgrùdadadh agus daingneachadh air Modhan is Poileasaidhean Ionmhasail, a' gabhail a-steach Poileasaидh Solarachaидh, Stiùireadh Cunnairt agus Freagairt, Aithris air an Luach as Fheàrr, Crìochan Üghdarris Ionmhasail Tiomnaichte agus Poileasaidhean Cunntasachd.

